

Duais Bhliadhnail Urras Dhòmhnail Iain MhicAoidh

Co-fharpais le duais £500 fosgailte do dh'oileanaich

CÙL-FHIOSRACHADH

Tha Urrasairean Urras Foghlaim Dhòmhnail Iain MacAoidh air farpais bhliadhnail a stèidheachadh mar chuimhneachan air an obair ionmholta a rinneadh le Dòmhnall Iain às leth na Gàidhlig agus leasachaidhean gnìomhachais air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Bha dlùth cheangal aig Dòmhnall Iain ri obair an t-Sabhail Mhòir, Ionad Rannsachaidh Lèirsinn, An Comunn Gàidhealach, (far an robh e na chiad Stiùiriche bho 1965-70), Comunn na Gàidhlig, Alcan Bhreatainn, Comann a Chlò Hearaich, Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Comann Gàidhlig Inbhir Nis fad bhliadhnaichean, a bharrachd air ceanglan ri buidhnean eile.

Thèid an fharpais a líbhrigeadh agus a làimhseachadh le Fèisean nan Gàidheal às leth Urras Dhòmhnail Iain agus bidh aig farpaisich ri na nì iad a cho-thaobhadh ri amasan [Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig](#) agus an Urrais fhèin, a tha ri lorg ann an Leas-phàipear 1.

Feumaidh tagraidhean tighinn bho oileanaich fa-leth agus thèid am measadh le panal a' gabhail a-staigh riochdaire bho theaghlach Dhòmhnail Iain, aon Urrasair, riochdaire bho Fèisean nan Gàidheal agus suas gu dithis eile a thèid a thoirt air a' phanal le cuireadh bhon Urras agus Fèisean nan Gàidheal. Thèid am pròiseact as fheàrr a thèid a thaghadh fhoillseachadh air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal agus thèid na tagraidhean a gheibh duaisean a chumail ann an tasglann na buidhne cho math ri leabhar-lann an t-Sabhail Mhòir airson adhbharan rannsachaidh. Thèid na tagraidhean as fheàrr cuideachd a mheasadh leis na h-Urrasairean agus Fèisean nan Gàidheal feuch a bheil cothroman ann airson an tuilleadh leasachaidh.

A' CHO-FHARPAIS

'S e prìomh amasan na farpais a bhith a' brosnachadh a h-uile meur is taobh de chultar na Gàidhlig; foghlam ann an Gàidhlig, agus tro Ghàidhlig, a bhrosnachadh; misneachd a thoirt dhan fheadhainn a tha a' rannsachadh na Gàidhlig agus a' toirt air adhart an tuigse air cùisean Gàidhlig; òigridh air feadh na Gàidhealtachd agus nan eilean a mhisneachadh gu bhith a' leasachadh sgilean tionnsgain; neart

choimhearsnachdan a thogail tro bhith nas ro-innleachdaile; agus a chuideachadh le ion-ghabhail sòisealta agus foghlam fad-bheatha.

Tha dùil gun tèid coimhead ri cuspairean a leithid seo de raointean obrach/gnìomhachais ann a bhith a' tagradh san fharpais:

- Coilltearachd
- Fèill-sprèidh
- Tuathanas àitich
- Leasachaidhean ealan a' gabhail a-steach obair-shnaidhidh, ceòl, sgrìobhadh agus ealain chruthachail eile
- Ceistean còmhhdail
- Taic do chiorramaich agus/no do dh'òigridh
- Leasachaidhean do chothroman spòrs
- Sgìlean labhairt sa Ghàidhlig adhartachadh
- An àrainneachd nàdarra a' gabhail a-steach flùraichean, fauna is eile
- Cunntasachd/ionmhas/dealbhadh ionmhais
- Leasachaidhean ann an sgìlean àireamhachd a measg dhaoine òga
- Spòrs is cur-seachadan do dh'òigridh
- Sealladh-mara na Gàidhealtachd - fiadh-bheatha agus an àrainneachd
- Streap agus cur-seachadan an t-saoghail a-muigh leithid sealg is iasgach.

AN TAGRADH

Tha an fharpais fosgailte do dh'oileanach sam bith fa leth ann an Alba ann am foghlam, pàirt-ùine no làn-ùine, aig ìre adhartach no àrd, no a tha ag obair a dh'ionnsaigh ceum dotaireachd.

Nur tagradh bu chòirear iomradh a thoirt air a' phròiseact air an gabhadh an duais £500 a chosg, nam biodh sibh shoirbheachail, ann an dà dhuilleag A4 aig a' char as fhaide. Dèanaibh cinnteach gum mìnichadh sibh mar a libhrigeadh ur pròiseact amasan an Urrais no gnìomhan ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

Na dìochuimhnichibh fiosrachadh mur deidhinn fhèin a chur san tagradh, a leithid bhur n-ainm, seòladh, àireamh fòin agus seòladh post-d. Le bhith a' toirt dhuinn an fhiosrachadh sin, tha sibh a' dearbhadh gu bheil cead aig Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh gu Urrasairean Urras Dhòmhnailt Iain MhicAoidh agus daoine fa leth eile a bhios an sàs san sgioba breithneachaidh.

Cuiribh ur tagradh gu farpais@feisean.org ro mheadhan oidhche **Dihaoine 30mh Samhain 2018**.

Bidh sinn a' dearbhadh gu bheil gach tagradh air nochdadh taobh a-staigh 72 uairean. Mur h-eil sibh air dearbhadh fhaighinn bhuainn taobh a-staigh na h-ùine sin, cuiribh fòn gu Fèisean nan Gàidheal air 01478 613355 gus dèanamh cinnteach gu bheil ur tagradh air ar ruighinn. Cha b' urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal no Urrasairean Urras Dhòmhnailt Iain MhicAoidh, coire a gabhail mura nochdadh tagradh sam bith mur h-eil tagraichean air cumail ris a' mhodh-obrach seo.

Ma tha ceist sam bith agaibh mun fharpais faodaidh sibh fios a chur gu Art MacCarraig aig Fèisean nan Gàidheal air 01478 613355 no arthur@feisean.org.

Leas-phàipear 1

Urras Dhòmhnall Iain MacAoidh

Ann an 2001 chaidh taic-airgid a shireadh le Sabhal Mòr Ostaig mar chuimhneachan air Dòmhnall Iain MacAoidh a bha air a bhith na Iar Chathraiche air Urrasairean agus na Mhanaidsear Leasachaidh Phròiseactan aig Sabhal Mòr Ostaig, mar chuimhneachan air an obair a rinneadh leis às-leth na Gàidhlig agus leasachaidhean gnìomhachais air feadh na Gàidhealtachd agus nan eilean. Bha dlùth cheangal aig Dòmhnall Iain ri obair an t-Sabhail Mhòir, Ionad Rannsachaidh Lèirsinn, An Comunn Gàidhealach, (far an robh na chiad Stiùiriche bho 1965-70), Comunn na Gàidhlig, Alcan Bhreatainn, Comann a Chlò Hearsaich, Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Comann Gàidhlig Inbhir Nis fad bhliadhnaichean, a bharrachd air ceanglan ri buidhnean eile.

Stèidhich na h-Urrasairean Urras Foghlaim - Urras Dhòmhnall Iain - mar chuimhneachan air an duine.

Amasan an Urrais

Chaidh an t-Urras a stèidheachadh mar chuimhneachan air an obair ionmholta a rinneadh le Dòmhnall Iain MacAoidh ann an leasachadh tionnsgain agus Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd agus nan eilean, agus mar chomharradh air sin, gun rachadh taic a chumail ri na leanas:

- (i) a bhith a' brosnachadh a h-uile taobh de chultar na Gàidhlig;
- (ii) a bhith a' brosnachadh foghlam ann an, agus tron Ghàidhlig;
- (iii) a bhith a' brosnachadh rannsachadh agus tuisge air cleachdadh na Gàidhlig;
- (iv) a bhith a' misneachadh òigridh gu bhith a' togail air an obair sìolachaidh agus ath-bheothachaidh a bha Dòmhnall Iain ag eagrachadh;
- (v) a bhith a' toirt cothrom do dh'òigridh feadh na Gàidhealtachd is nan eilean an sgilean tionnsgain a leasachadh agus adhartachadh;
- (vi) neart choimhearsnachdan a thogail tro bhith nas ro-innleachdaile;
- (vii) a bhith a' cuideachadh le ion-ghabhail sòisealta agus foghlam fad-bheatha;
- (viii) a bhith a' cur air adhart gnothach sam bith iomchaidh fon lagh mar a bhios mar chuimhneachan air Dòmhnall Iain MacAoidh, agus am measg sin dh'fhaodadh gun tèid coimhead air cuimhneachan beanailteach aig Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach.